

# Seinn

## Uibhist & Barraigh



## **Bun-sgoiltean Bharraigh ..... 1**

Bàta Sheumais.....	1
Beinn a' Cheathaich .....	1
Chan e taigh air am bi tughadh .....	2
Sealladh de Ruairidh.....	2
Cumha Bharraich 1923.....	3
Feumaidh mi tilleadh a Bharraigh.....	4
Seall an Sneachda .....	4
Ho rò tha mi sunndach .....	5
Iagan Oro .....	5
Seinn O Churadail .....	5
Mo Chùlaibh .....	6
Òran Eile don Phrionnsa.....	7
Òran nan Ailbhean.....	8
Ì bhì ada.....	8
Bodach Innse Chrò.....	8
'S toil leam fhìn buntàta 's ìm.....	9
Seòlaidh Mise Null .....	9
Thig a Chuinneag, Thig.....	10

## **Sgoiltean-àraich Uibhist ..... 11**

Ubhal & Orainsear.....	11
Hò-an ò-an agus ò.....	11
Damhan-allaidh.....	11
Gog, Gog, Gog.....	12
Seall an Sneachda .....	12
Dh'ith na Coin na Maragan .....	12
Seas Suas Dìreach, Sìn Suas Àrd.....	12
An Tractar a th' Agamsa.....	13
Rolaidh Polaidh.....	13
T-ring, t-ring.....	13
Aon Chorràg Bheag .....	14
Huis Huis.....	14
Bi Modhail.....	14

## **Bun-sgoiltean Uibhist.....15**

Ial, Ial, Ial.....	15
Brògan Ùr.....	15
Far am bi mi fhìn .....	16
Dheidhinn leat a dh'Uibhist .....	16
Ubhal & Orainsear.....	16
Cò th' ann ach Anna mo nighean? .....	17
A Mhàiri Bhòidheach .....	17
Uibhist mo Ghràidh.....	18
Tìr a' Mhurain.....	18
Smeòrach Chlann Dòmhnail .....	19
Thugainn a Bhlàrag.....	19
Air An Tràigh.....	20
Chuir iad mise a dh'Eilean leam fhìn.....	20
Tha mi dol a' dhèanamh banais.....	21
Rocaidean .....	21
Dh'ith na Coin na Maragan .....	21
'S a lùba dubh aig Ruairidh .....	21
Ribinnean Rìomhach .....	22
Teann a-nall .....	22
Illean Bithibh Sunndach .....	23
O Mo Dhùthaich .....	23
O Luaidh.....	24
Ruidhle mo nighean donn.....	24
Mìre, mìre, miug, miug .....	25
Tha am buntàta mòr .....	25
Port na h-Eala .....	25
Do Dhà Shùil .....	26
O Cò Bheir Mi Leam?.....	26
Chaidh mise a dh'Eubhal imprig.....	26
O Cò Ghoid am Bonnach?.....	27
Gog, Gog, Gog.....	27
Huis Huis.....	28

# Bun-sgoiltean Bharraigh

## Bàta Sheumais

Ri chluinntinn air [Gàidhlig nan Òg, Storlann](#)

Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Sèist:

Bàta bìdeach, bàta bòidheach  
Bàta breagha, bàt' aig a' bhodach bhochd  
Bàta dìreach, bàta deònach  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Bàta Sheumais 'tighinn dhachaidh gu Leòdhas  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais 'tighinn dhachaidh gu Leòdhas  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

## Beinn a' Cheathaich

Le Nic Iain Fhionn. "[Beinn a' Cheathaich](#)", Kate Buchanan (fiosraiche), John MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA1954.143, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Latha dhomh 's mi 'm Beinn a' Cheathaich

Air fair al e lò ro hi bhi ò  
Hoireann is ò ho rò i oh a bhi  
Hi oh ro a bha ò hug òro

Ruagail nan caorach, 's 'gam faighinn

Air fair al e leò ro hi bhi ò...

'S ann agam fhìn a bha 'n t-aighear  
Faicinn do bhàta dol seachad  
Mach à dhùthaich Mhic 'illEathainn  
Steach gu Ciosamul am Barraigh  
Far am faicte cuirm ga ghabhail  
Fìon 'ga òl 'o oidhche gu latha  
Pìobaireachd nam feadan donn laghach  
Clàrsach binn ga ghleusadh mar ris

## Chan e taigh air am bi tughadh

“Chan e taigh air am bi tughadh”, Mary Morrison (fiosraiche), James Ross (neach-clàraidh), ref. SA1956.095, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Chan e taigh air am bi tughadh  
A tha dùil a bhith agam  
Ach taigh geal anns am bi bùrn  
Carpet ùr fo mo chasan

O aoideal aoideal o  
O aoideal aoideal aram  
O aoideal aoideal o  
Aoideal o, aoideal aram

Mac Catrìona mo luaidh  
Mac Catrìona mo leannan  
Mac Catrìona mo luaidh  
'O nach d' fhuair mi mac Anna

Thèid mi sìos, thèid mi sìos  
Thèid mi sìos 's gheibh mi leannan  
Gheibh mi sin is còig na sia  
Ann an Siadar a' Chladaich

## Sealladh de Ruairidh

“Sealladh de Ruairidh”, Roderick Morrison (fiosraiche), Dr. John Lorne Campbell (neach-clàraidh), ref. box\_03\_D02-A, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Sealladh de Ruairidh, thogadh na gillean  
Sealladh de Ruairidh, bheireadh dhuinn sòlas  
Sealladh dhen t-Seanalair fhaicinn 's an gill' aige  
Thogadh e misneachd gach gin san Roinn Eòrpa

Thèid mi do Ghrianaig, 'g iarraidh ioma' rud  
Thèid mi do Ghrianaig, 'rithist mar 's còir dhomh  
Thèid mi do Mhannain 's mus tèid thu do Bharraigh  
Gum faic mi mar 's math leam 's e sealladh a' Chòirneal

## Cumha Bharraich 1923

Le Dòmhnall Iain 'ic Dhòmhnail 'ic Fhionnlaigh. "[Tha Naidheachdan sna Pàipearan](#)", John MacPhee (fiosraiche), ref. MOD 1986 GR00303 Reel 4, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Tha naidheachdan sna pàipearan, gam chuir an dràs fo ghruaim,  
Ag innse mu na nàbuidhean a dh' fhalbh air imrich cuain  
Gu crìochan cian nan coigrich far nach cluinn iad osnaich stuadh,  
Ach gaoirich coill' nan àrd mheangan, ga thoirt gu làir le tuaigh

An latha thug an "Dunara" sibh far cidhe na h-àird bhuainn,  
Sa chuireadh anns a' "Mharloch" sibh nach sàraicheadh droch uair;  
Nuair tharruing i cuid chàplaichean sa h-amhuinnean fo ghual,  
Bu bhochd bhith coimhead phàrantan le struth gu làir bhon ghruaidh

'S e feasgar latha sàbaid bh' ann 's bha bàtaichean mun cuairt.  
Toirt beannachd nam beann àrda dhaibh mun tàirneadh i gu cuan;  
Bu duilich leam-sa là sin bhi faicinn phàisdean truagh,  
'S ag èisteachd osnaich mhàthraichean, 's an cridh' ga fhàsgadh cruaidh

Cha b' annasach san tràth sinn e ged bhiodh iad làn de ghruaim.  
Bha mulad air a' sàrachadh a' milleadh blàth an gruaidh;  
Bhi falbh bhon eilean àlainn sin san deach an àrach suas;  
'S gach groban beann a b' àirde dheth a' sealladh tràth Diluain

Tha 'n t-athair measail ainmeil leibh do 'n ainm Mac Gille Mhaoil.  
A chumas ann an òrdugh sibh 's nach leig a' Chrò mu sgaoil;  
A chombaistean air dòigh aige le bòidean Òrdugh Naomh,  
A' ruith a' chùrsa dhòigheil libh a bheir gu glòir sibh saor

Tha mulad mòr air pàirt aca bhon dh' fhàg iad Tìr nam Beann.  
A caoidh an àite dh' àraich iad 's na càirdean a th' ac' ann;  
Ach guidheam soraidh slàn bhith leò measg chraobhan àrda thall,  
Gun tachair sinn air Calbharaidh san àite nach tig ceann

Tha mise seo nam ònaran 's e fàth mo leòin san àm.  
Gun dùil agam ri còmhradh ribh cho fad 's is beò mi ann;  
Ach thig an latha sòlasach san dèan sinn còmhdhail thall,  
Bidh càirdean is luchd eòlais ann 's thèid bròn a thoirt gu ceann

## Feumaidh mi tilleadh a Bharraigh

Le Dòmhnall Iain (Tair) MacDhùghaill, Horgh, Barraigh 1921-2012. Air a sheinn le Trail West air "[Sing-along Gàidhlig Waltzes](#)", Rescattermastered (2016)

Tha ionndrainn is mulad nam chridhe  
'On a sheall thusa Anna dhomh bàidh  
Oh feumaidh mi tilleadh a Bharraigh  
Tha mise gad ionndrainn a' ghràidh

Tha mise gad ionndrainn a' ghràidh, a' ghràidh  
Tha mise gad ionndrainn a' ghràidh  
O feumaidh mi tilleadh a Bharraigh  
Tha mise gad ionndrainn a' ghràidh

Nach cuimhnich thu, cuimhnich thu, Anna  
An cladach aig iomall a' làin  
Nach cuimhnich thu 'ghrian a' dol fodha  
Dearg sàmhach air aodann a' bhàigh

Dearg sàmhach air aodann a' bhàigh, a' bhàigh  
Dearg sàmhach air aodann a' bhàigh  
Nach cuimhnich thu 'ghrian a' dol fodha  
Dearg sàmhach air aodann a' bhàigh

Shiubhail mi 'n saoghal seo uile,  
New York, Curaco, Panama,  
Vancouver, Hawaii, Calcutta,  
Chittagong, Singapore is Accra

Chittagong, Singapore is Accra, Accra  
Chittagong, Singapore is Accra  
Vancouver, Hawaii, Calcutta,  
Chittagong, Singapore is Accra

## Seall an Sneachda

Faclan le [Fiona J. NicCoinnich](#) air fonn Frère Jacques, Duan Nollaig (2007)

Seall an sneachda, seall an sneachda  
Tighinn a-nuas, tighinn a-nuas  
Feumaidh mi mo chòta, feumaidh mi mo chòta  
Tha i fuar, tha i fuar!

## Ho rò tha mi sunndach

Le Calum Boyd, Leideag. Clàradh ri fhaotainn air [Fuaran](#) air a sheinn le [Iain Seumas Mac a' Bhreatannaich](#)

Sèist:

Ho rò tha mi sunndach 's mi togail mo chuid shiùil rithe,  
Bàta beag mo rùin 's i bha bòidheach;  
Bàta beag bha uasal a fhuair mi aig na Suainich,  
'S gum bithinn gabhail cuairt leath' an-còmhnaidh

'S ann am Port na h-Àirde a chunnaic mis' am bàta,  
Bha dà dheagh ràmh agus seòl oirr';  
'S bha mi fhèin a' smaointinn nan gabhadh ise faotainn  
Gum fanainn fad na h-oidhche ga seòladh

Feasgar Diciadain dh'fhalbh mi ga h-iarraidh,  
Bha àrag on iar agus ceò ann;  
'S mise bha pròiseil air bòrd na bàta Dùitsich,  
A' càradh mo chuid shiùil ris a' gheòla

Chaidh mi lath' a dh'iasgach, gu dearbh bha i fiadhaich,  
Ghabh mi seachad sìos air Maol Dòmhnach;  
Iasg a bha brèagha ga fhaighinn mar bu mhiann leinn,  
Ga lionadh gu beul le gach seòrsa

Nuair dh' fhàsas mi sgìth dhith bheiridh mi air tìr i,  
Glanaidh mi is sgrìobaidh mi gheòla  
Peantaidh mise liath i air chor 's gum bi i brèagha  
'S ma gheibh mi oirre sia bidh mi còrdadh

## Iagan Oro

"[Iagan Oro](#)", Nan MacKinnon (fiosraiche), James Ross (neach-clàraidh), ref. SA1956.092.ext, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Iagan oro, Iagan oro  
Iagan oro, Iagan oro                      x2  
Rugadh as an t-sìol,  
As an t-sìol, as an t-sìol thu  
Rugadh as an t-sìol  
Ann an iochdar an tohair thu              x2

## Seinn O Churadail

Air a sheinn le [Katie NicCoinnich, Blasad Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal](#)

Seinn o churadail o  
Seinn seinn churadail o  
Seinn o churadail o  
Seinn churadail oro



## Mo Chùlaibh

Le Eòin MacDhùghaill (Eòin a' Mhuilleir) a bha greis a' fuireach air Eilean Theiliseigh, an dèidh dhan teaghlach aige a bhith air am fuadach às na taighean aca agus far an fhearainn thorraich a bh' aca air taobh an iar Bharraigh. Clàradh ri fhaotainn air [Fuaran](#) air a sheinn le [Iain Seumas Mac a' Bhreatannaich](#)

Mo chùlaibh, mo chùlaibh,  
Mo chùlaibh ris a' bhaile seo,  
Is m' aghaidh air an àite  
Far an d' àraicheadh mar leanabh mi,  
Mo chùlaibh, mo chùlaibh

'S mairg a bheireadh cùl ris  
An dùthaich a bha beannaichte,  
Far faighte iasg is maorach  
Is eunlaith taobh nan cladaichean,  
Mo chùlaibh, mo chùlaibh

Far faighte iasg is maorach,  
Is eunlaith taobh nan cladaichean,  
Chan ionann 's mar tha 'n t-àite,  
Nach fhaighear tràth gun cheannach ann,  
Mo chùlaibh, mo chùlaibh

Fhuair mi dràm om chàirdean  
Nuair thàinig iad don bhaile seo,  
Chan fhanadh iad san àite,  
'S ann thug iad sàile glan orra,  
Mo chùlaibh, mo chùlaibh

Fhuair sinn fearann ùr ann,  
'S e 'n Crùn a rinn a cheannach dhuinn,  
Grinn is Cliaid is Bhàslainn,  
Tha chuid as fhèarr de Bharraigh ann

Mo chùlaibh, mo chùlaibh,  
Mo chùlaibh ris a' bhaile seo,  
Is m' aghaidh air an àite  
Far an d' àraicheadh mar leanabh mi,  
Mo chùlaibh, mo chùlaibh

## Òran Eile don Phrionnsa

Le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, air a sheinn le [Dàimh](#), Single Tracks (2019)

Thug hò-ro, aithill oh horo  
Thug ò ro n-aill libh  
Thug hò-ro, aithill oh horo  
Seinn o-ho-ro n-aill libh

Moch sa mhadainn 's mi dùsgadh  
'S mòr mo shunnd 's mo cheòl gàire  
'On a chuala mi 'm Prionnsa  
Tighinn do dhùthaich Chlann Rà'ill

'On a chuala mi 'm Prionnsa  
Tighinn do dhùthaich Chlann Rà'ill  
Grainne mullaich gach rìgh thu  
Slàn gum pill thusa, Theàrlaich

Grainne mullaich gach rìgh thu  
Slàn gum pill thusa, Theàrlaich  
'S ann tha 'n fhìor-fhuil gun truailleadh  
Anns a' ghruadh is mòr-nàire

'S ann tha 'n fhìor-fhuil gun truailleadh  
Anns a' ghruadh is mòr-nàire  
Mar ri barrachd na h-uaisle  
'G èirigh suas le deagh-nàdur

Mar ri barrachd na h-uaisle  
'G èirigh suas le deagh-nàdur  
Us nan tigeadh tu rithist  
Bhiodh gach tighearn' an aite

## Òran nan Ailbhean

Chaidh **aon**\* ailbhean a-mach a chluich  
Air lìon an damhan-àilidh  
'On a chòrd a' chùis cho math dhaibh  
Dh'èigh iad air an caraid

Chaidh **dà**\* ailbhean a-mach a chluich  
Air lìon an damhan-àilidh  
'On a chòrd a' chùis cho math dhaibh  
Dh'èigh iad air an caraid

Chaidh **tri**\* ailbhean a-mach a chluich  
Air lìon an damhan-àilidh  
'On a chòrd a' chùis cho math dhaibh  
Dh'èigh iad air an caraid

\*gus am faigh a h-uile duine cothrom, is an uair sin:

Bhris a' lìon!  
'S thuit iad sìos!

## Ì bhì ada

Air a sheinn le [Josie Duncan, Thigibh is Cluichibh, Fèisean nan Gàidheal](#)

ì bhì ada, u bha iadalan  
ì bhì ada, adal iodal u bha  
ì bhì ada, u bha iadalan  
ì bhì ada, adal iodal u bha

## Bodach Innse Chrò

Air a sheinn le [Seumas Greumach, Oide, Fèisean nan Gàidheal](#)

Bodach Innse Chrò  
Bodach Inbhir Shèile  
Bodach Innse Chrò  
Bodach Inbhir Shèile           x2

Thuir an dàra bodach  
Ris a' bhodach eile  
Cuiridh mi do cheann  
Ann an lag an teine           x2

## 'S toil leam fhìn buntata 's ìm

Air a sheinn le [Eilidh NicCarraig, Oide, Fèisean nan Gàidheal](#)

'S toil leam fhìn buntata 's ìm  
'S toil leam fhìn na caileagan  
'S toil leam fhìn buntata 's ìm  
Is nighneagan a' bhaile seo x2

'S toil leam fhìn buntata 's ìm  
'S toil leam fhìn na caileagan  
'S toil leam fhìn buntata 's ìm  
Is nighneagan a' bhaile seo x2

## Seòlaidh Mise Null

Le Mgr. Iain MacIlleMhaoil (Fr. John MacMillan of Barra). "[Fàilte do Bharraigh](#)", Kirsteen Grant (fiosraiche), ref. MOD 1964 GR0009(1) REEL 2, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Seòlaidh mise null gu dùthaich chaomh mo rùin,  
Gu dùthaich mo ghaoil agus m' òige  
Is chì mi air gach taobh na monaidhean 's na raoin,  
Len trusgain lurach fhùran is eòintean

Chì mi fada bhuam Barraigh, àileagan a' chuain -  
Tha eireachdas is uaisle ga còmhdach;  
'S gach mais' tha dhìth mun cuairt, gach sonas agus buaidh,  
Chan urrainn mis' a luaidh ann an òran

Tha Uibhist mar a bha, loma-làn dhen h-uile gràs -  
O b' ait leam a bhith tàmh ann an-còmhnaidh:  
Machraichean fo bhàrr, sealladh aighearach an àigh -  
Tha coirce beag a' fàs ann is eòrna

B' fheàrr leam fichead uair tàmh an sgor an cois a' chuain -  
Bhiodh brìodal nan stuagh rium a' comhradh,  
'S gach tonn a ruigeadh tràigh mar chuisle gaoil is gràidh  
Gam lìonadh le slàint' agus sòlas

## Thig a Chuinneag, Thig

“Am maistreadh a bha aig Moire”, Annie Johnston (fiosraiche), neach neo-aithnichte (neach-clàraidh), ref. CW0098D, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Am maistreadh a bh' aig Moire

Air ùrlar a' ghlinne

A' meudachadh an ime,

A' lùghdachadh a' bhainne

*Thig a chuinneag, thig.*

*Blàthach gu dòrn 's im gu uilinn*

*Thig a chuinneag, thig*

Tha glug an seo, tha glag an seo

Tha glag an seo, tha glug an seo

Tha rud as fhèarr na chòir an seo

Tha rud nas fhèarr na fion ann

Tha glug an seo, tha glag an seo

Tha seilcheag mhòr air bhog an seo,

Tha làn cuman Cairistiona

Do dh'ìm brèagha bhuidh' againn.

Thig an lòn, thig an smeòr

Thig an ceòl às a' bhrùth

Thig a' chuthag, thig a' cheathag

Thig an fhosgag-adhair

# Sgoiltean-àraich Uibhist

---

## Ubhal & Orainsear

Faclan le Eilidh NicCarraig, air fonn Brochan Lom

Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Hai dil dì dil dì dil dai  
Tha measan blasta!

## Hò-an ò-an agus ò

Air a sheinn le [Jemma Chuimeanach](#), Tàladh (2016)

Hò-an ò-an agus ò  
Hò-an ò-an agus ò  
Hò-an ò-an agus ò  
Thug an geamhradh leis a' chrodh

Hò-an ò-an agus ò  
Hò-an ò-an agus ò  
Hò-an ò-an agus ò  
Thug an geamhradh leis an nì

## Damhan-allaidh

Bho Thig a Chluich: Òrain is Rannan Chloinne, [CnES Foghlam](#)

Tha damhan-allaidh a' dannsa  
A' dannsa, a' dannsa  
Tha damhan-allaidh a' dannsa  
A' dannsa air do làmh

Tha damhan-allaidh a' dannsa  
A' dannsa, a' dannsa  
Tha damhan-allaidh a' dannsa  
A' dannsa air do chois

## Gog, Gog, Gog

“Bha gog gog gog aig a’ choileach ud a-raoir”, Neil MacLennan (fiosraiche), Dr. John Lorne Campbell (neach-clàraidh), Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Bha gog, gog, gog aig a’ choileach ghlas a-raoir  
Bha gog, gog, gog aig a’ choileach fad na h-oidhch’  
Cha robh creutair anns a’ bhaile  
Nighean òg neo bean neo cailleach  
A bha còir dhaibh bhith nan cadal  
Nach robh mach nan aodach oidhch’

## Seall an Sneachda

Faclan le [Fiona J. NicCoinnich](#) air fonn Frère Jacques, Duan Nollaig (2007)

Seall an sneachda, seall an sneachda  
Tighinn a-nuas, tighinn a-nuas  
Feumaidh mi mo chòta, feumaidh mi mo chòta  
Tha i fuar, tha i fuar!

## Dh’ith na Coin na Maragan

Air a sheinn le [Eilidh NicCarraig](#), Blasad Gàidhlig, Feisean nan Gàidheal

O dh’ith na coin na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh  
O dh’ith na coin na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh           x2

'S i Seònaid rinn na maragan  
Na maragan, na maragan  
'S i Seònaid rinn na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh           x2

## Seas Suas Dìreach, Sìn Suas Àrd

Bho Òrain na Cloinne Bige 2, [CnES Foghlam](#)

Seas suas dìreach, sìn suas àrd  
Seas suas dìreach, sìn suas àrd  
Seas suas dìreach, sìn suas àrd  
Crom sìos ìseal sìos chun an làr

Crom sìos ìseal sìos chun an làr  
Crom sìos ìseal sìos chun an làr  
Crom sìos ìseal sìos chun an làr  
Seas suas dìreach, sìn suas àrd

## An Tractar a th' Agamsa

Le Anna NicDhòmhnaill, air a sheinn le [Donnie Dotaman](#)

An tractor a th' agamsa  
'S esan a tha trang  
Trr ud ud ud aige  
'S glumagan de cheò às

Trr ud ud ud aige  
A-mach sa h-uile sìde  
An tractor a th' agamsa  
Chan eil e fàs sgìth dheth

## Rolaidh Polaidh

Bho [Leabharlann Òrain is Rannan, Bookbug, Scottish Book Trust](#)

Rolaidh polaidh, rolaidh polaidh  
Suas, suas, suas, suas  
Rolaidh polaidh, rolaidh polaidh  
Sìos, sìos, sìos, sìos  
Rolaidh polaidh, rolaidh polaidh  
A-mach, a-mach, a-mach, a-mach  
Rolaidh polaidh, rolaidh polaidh  
A-steach, a-steach, a-steach, a-steach

## T-ring, t-ring

Bho Òrain na Cloinne Bige 2, [CnES Foghlam](#)

T-ring, t-ring, cò tha siud?  
T-ring, t-ring, cò tha siud?  
T-ring, t-ring, cò tha siud?  
Cò tha siud a fònadh?

Halò, halo, cò tha siud?  
Halò, halo, cò tha siud?  
Halò, halo, cò tha siud?  
Cò tha siud a fònadh?

Mòrag bheag aig ceann a' rathaid  
Mòrag bheag aig ceann a' rathaid  
Mòrag bheag aig ceann a' rathaid  
Mòrag bheag a' fònadh

Thigibh uile nall a' chèilidh  
Thigibh uile nall a' chèilidh  
Thigibh uile nall a' chèilidh  
Mòrag bheag a' fònadh



## Aon Chorràg Bheag

Le Cairistiona Ghreumach, clàradh air Òrain na Cloinne Bige 2, [CnES Foghlam](#)

Aon chorràg bheag, aon chorràg bheag  
Aon chorràg bheag a' dol brig brig brag  
Suas gu h-àrd, sìos chun an làr  
Cuir i air do ghlùn

## Huis Huis

Bho Òrain na Cloinne Bige 2, [CnES Foghlam](#). Dreach eile ri fhaotainn air Tobar an Dualchais: "[Huis Huis air an Each](#)", Christina MacKay (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA964.055, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Càite ruigeas sinn a-nochd?

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Ruigidh sinn am Baile Sear

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Càite ruigeas sinn a-nochd?

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Ruigidh sinne Bhàlaigh

## Bi Modhail

Bho [Bi Sunndach agus Seinn, Stòrlann](#)

Àm son biadh aig a' bhòrd  
Can tapadh leibh  
Àm son biadh aig a' bhòrd  
Can tapadh leibh  
Àm son biadh aig a' bhòrd  
Can tapadh leibh  
Cus bus! Bi modhail! Can tapadh leibh!

## Bun-sgoiltean Uibhist

---

### Ial, ial, ial

Port-à-beul bho bheul-aithris air a sheinn le [Rona Lightfoot](#), Port (2014)

Ial, ial, ial, ial, ial, ial, ars a' chailleach,  
Ial, ial, ial, ial, ial, ial, ars a' chailleach,  
Ial, ial, ial, ial, ial, ial, ars a' chailleach,  
Ith am bò, thogaidh ò, ith am bò, ars am bodach

Am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, ars a' chailleach,  
Am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, ars a' chailleach,  
Am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, am pòs thu fhèin, ars a' chailleach,  
Pòsaidh mi, pòsaidh mi, pòsaidh mi, ars am bodach

Cò an tè, cò an tè, cò an tè, ars a' chailleach,  
Cò an tè, cò an tè, cò an tè, ars a' chailleach,  
Cò an tè, cò an tè, cò an tè, ars a' chailleach,  
Tha thu fhèin, tha thu fhèin, tha thu fhèin, ars am bodach

Cuin a thig thu, cuin a thig thu, cuin a thig thu, ars a' chailleach,  
Cuin a thig thu, cuin a thig thu, cuin a thig thu, ars a' chailleach,  
Cuin a thig thu, cuin a thig thu, cuin a thig thu, ars a' chailleach,  
As a' mhionaid, as a' mhionaid, as a' mhionaid, ars am bodach

### Brògan Ùr

Port-à-beul air a sheinn le [Julie Fowles](#), Uam (2009)

Tha brògan ùr agam a-nochd,  
Brògan ùra, brogan ùra,  
Brògan ùr agam a-nochd,  
A rinn Tormod Tàillear

Glèidh a-null na seana-bhrògan,  
Na seana-bhrògan, na seana-bhrògan  
Glèidh a-null na seana-bhrògan,  
A rinn Tormod Tàillear

## Far am bi mi fhìn

Air a sheinn le [Iain MacAoidh](#), Far am bi mi fhìn (1987)

Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas  
Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas  
Far am bi mi fhìn is ann a bhios mo dhòchas  
Far am bi mi fhìn bidh mo dhòchas ann

Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmheach  
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmheach  
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmheach  
Far am bi mi fhìn bidh mo dhòchas ann

Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'  
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'  
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'  
Far am bi mi fhìn bi mo dhòchas ann

## Dheidhinn leat a dh'Uibhist

Òran luaidh air a sheinn le [Linda NicLeòid](#), Port (2014)

Dheidhinn leat a dh'Uibhist  
Far am bhuidheachaidh an t-eòrna

*Fill-iu ò ro hù ò*  
*Bu tum o chruinneag bhòidheach*  
*Fill-iu ò ro hù ò*

Dheidhinn leat a dh'Èirinn  
Gu fèill nam bàn òga

Dheidhinn leat a dh'Astràilia  
Nam biodh do chàirdean deònach

Dheidhinn dhan a' ghealaich leat  
Nan gealladh tu mo phòsadh

## Ubhal & Orainsear

Faclan le [Eilidh NicCarraig](#) air fonn Brochan Lom

Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Ubhal agus orainsear, subhan-làir, banana  
Hai dil dì dil dì dil dai  
Tha measan blasta!

## Cò th' ann ach Anna mo nighean?

Port-à-beul bhon bheul-aithris

Cò th' ann ach Anna mo nighean 's i a' ruith air feadh an taighe  
Cò th' ann ach Anna mo nighean 's i a' ruith air feadh an taighe  
Cò th' ann ach Anna mo nighean 's i a' ruith air feadh an taighe  
Cò ach i? Cò ach i? Cò ach i air feadh an taighe!

## A Mhàiri Bhòidheach

Le Alasdair Stiùbhart, Uibhist a Tuath (1764-1821) air a sheinn le [Kirsty Watt, Fèis Tir an Eòrna](#).  
Dreach cuideachd ri fhaotainn air Tobar an Dualchais: "[A Mhàiri Bhòidheach 's a Mhàiri Ghaolach](#)",  
Norman MacKinnon (fiosraiche), ref. MOD 1994 94X75901S001 Reel 5, Sgoil Eòlais na h-Alba,  
Oilthigh Dhùn Èideann

A Mhàiri bhòidheach, 's a Mhàiri ghaolach  
A Mhàiri bhòidheach gur mòr mo ghaol ort  
A Mhàiri bhòidheach gur tu a chlaoidh mi  
'S a dh'fhàg mi brònach gun dòigh air d' fhaotainn

A Mhàiri bhòidheach gur mòr mo ghaol ort  
Gur tric mi cuimhneachadh ort 's mi m' aonar  
Ged a shiùbhlainn gach ceum den t-saoghal  
Bidh d' iomhaigh bhòidheach tighinn beò gach taobh dhìom

'S truagh nach robh mi 's mo Mhàiri bhòidheach  
Ann an gleannan faoin is ceò air  
'S ged bu Rìgh mi 's an Roinn Eòrpa  
Chan iarrainn pòg ach bho Mhàiri bhòidheach

Ach chithear fèidh air a sgèith 's na speuran  
Chithear iasg air àird nan slèibhtean  
Chithear sneachda dubh air geugan  
Mu'm faicear caochladh tighinn air mo spèis dhut

Guma slàn do mo Mhàiri bhòidheach  
Ge b'e àite sam bi a còmhnaidh  
'S e mo dhùrachd cho fad 's is beò mi  
Gum bi gach sòlas aig Màiri bhòidheach

## Uibhist mo Ghràidh

Le Alasdair MacMhathain. Dreach air a sheinn le [Flair, Flair](#) (1977). Dreach eile: "[Uibhist mo Ghràidh](#)", Myra MacNab (fiosraiche), ref. MOD 1978 GR00755 Reel6, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

O seinnidh mi dàn do dh'eilean mo ghràidh  
Far an d'fhuair mi m'àrach nuair bha mi nam phàist'  
Far am bi mo chridhe gu deireadh mo là  
Ann an Eilean Uibhist an eòrna

Ged 's fhada bhon dh'fhàg mi eilean mo ghràidh  
'S a thàinig mi Ghlaschu 's a rinn mi ann tàmh,  
Tha machraichean Uibhist nam chuimhne a ghnàth  
A' cumail mo chridhe gach là rium

Bu mhiann leam bhith ag amharc bho mhullaichean Lì  
Beinn Mhór an taoibh deas is gach monadh is frìth,  
Luch Euphort nam fiadh far 'eil dachaigh mo chridh'  
'S gach alltan is linne sa mhointich

Ach fàgaidh mi baile an cabhaig 'us nan sràid  
'S cuiridh mi m' aghaidh air monadh 'us sàil  
'S gabhaidh mi 'n t-aiseag à Malaig gun dàil  
Gu Uibhist mo ghràidh 'us m' eòlais

## Tìr a' Mhurain

Òran le Calum & Rory Dòmhnallach, air a sheinn le [Runrig, Searchlight](#) (1989)

Fàilte gu mo dhàn  
Sìol is meas nam bard  
Am foghar bha feitheamh orm  
Bhon latha a bha mi òg

Trobhad is coisich leam  
Ri taobh a' chuain  
Is seallaidh mi dhuit  
Tìr a' Mhurain

Fàilte gu mo thìr  
Eilean geal an Iar  
An t-àite chì gach tuigse is fìrinn  
Glaiste na mo chridh

Fàilte gu mo chainnt  
'S i dh'ionnsaich mi nam phàiste  
Cànan uasal mòr nan Gàidheal  
Mar bhratach dhomh gach latha

## Smeòrach Chlann Dòmhnail

Le Iain MacFhearchair / John MacCodrum (1693-1779) à Àird a' Rùnair/Hoghearraidh. Dreach air Tobar an Dualchais: "[Smeòrach Chlann Dòmhnail](#)", Joanne Murray (fiosraiche), ref. MOD 1997 001, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. Dreach cuideachd le [Julie Fowles & BBC Scottish Symphony Orchestra](#)

Hoilibheag hilibheag hò-ail-il ò  
Hoilibheag hilibheag hò-ro i  
Hoilibheag hilibheag hò-ail-il ò  
Smeòrach le Clann Dòmhnail mi

Smeòrach mis' air ùrlar Phaibil  
Crùbadh ann an dùsal cadail  
Gun deòrachd a thèid nas fhaide  
Truimid mo bhròn, thòirleum m' aigne

Smeòrach mis' air mullach beinne  
'G amharc grèin' is speuran soilleir;  
Thig mi stòlda choir na coille -  
Bidh mi beò air treòdas eile

Ma mholas gach eun a thìr fèin  
Ciamar èis nach moladh mise  
Tìr nan curaidh, tìr nan clear  
An tìr bhiadhchar fhialaidh mhiosail

Measg Chlann Dòmhnail fhuair mi m'altrum  
Buidhean nan seòl 's nan sròl daithte  
Nan long luath air chuantaibh farsaing  
Aiteam nach ciùin rùsgadh ghlaslann

## Thugainn a Bhlàrag

"[Thugainn a Bhlàrag](#)", Penny Morrison (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), SA1966.099, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. Dreach cuideachd aig [Kathleen NicAonghais](#), Cille Bhrìde (2012)

Thugainn a Bhlàrag, thugainn a Bhlàrag,  
Thugainn a Bhlàrag go Hàcleit còmh' rinn.  
Thugainn a Bhlàrag, aig toiseach na tràghad  
'S tha arbhar math làidir aig tàillear an t-Sròim

Thugainn a chuailein, thugainn a chuailein,  
Thugainn a chuailein, ma thuath thèid sinn còmhla.  
'S tha arbhar math searach aig triùir a Chlann Sheicein  
'S gun fhaigh sinn gun teagamh ann deireadh na h-oidhch'

## Air An Tràigh

Òran le Calum agus Rory Dòmhnallach, air a sheinn le [Runrig](#), Play Gaelic (1978)

'S b' fheàrr gun robh mi 'r ais a-rithist  
Coiseachd cas-ruisgte air an tràigh  
Le mo dha làimh na mo phocaid  
'S ri mo thaobh, Anna mo ghràidh

Bha sinn òg is bha sinn sporsail  
Cluich le solas is le gàir'  
Air a' mhonadh 's air an locha  
'S measg an arbhair as a' bhathaich

'S nuair a thig e gu àm feasgair  
'G iarraidh crodh shuas air a' bheinn  
'S dhèanamh dhachaigh air ar socair  
Togail òrain 's togail ruinn

Bhiodh sinn sgìth nuair nochdadh oidhche  
'G òl bainne fuar taobh teine blàth  
'S bhiodh sinn grànail dol dhan leabaidh  
Ach a-màireach 'g eirigh trath

## Chuir iad mise a dh'Eilean leam fhìn

Bhon bheul-aithris air a sheinn le [Dòchas](#), Dòchas (2002) no "[Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn](#)",  
Jessie MacKenzie (fiosraiche), Francis Collinson agus James Ross (luchd-clàraidh), ref. SA1956.022,  
Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Chuir iad mise dh'eilean leam fhìn  
Dh' eilean mara fada bho thìr

'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Uilleam Ann' againn fhìn  
'S toigh le Ruairidh gruagach a' chruidh

'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn  
'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn  
'S toigh le Ailean bean na fhuilt dhuinn  
'S toigh le Ruairidh buaile chrodh laoidh

## Tha mi dol a' dhèanamh banais

Port-à-beul: "[Tha mi a' dol a dhèanamh banais](#)", Nan MacKinnon (fiosraiche), Donald MacPherson (neach-clàraidh), ref. CannaTape.0022, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a phòsadh  
Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a phòsadh  
Tha mi dol a dhèanamh banais, tha mi dol a phòsadh  
Hè hì ò hù nuair a thig mo dhòchas

Hoigh ili odail iodail odail iodail oighridh  
Hoigh ili odail iodail odail iodail oighridh  
Hoigh ili odail iodail odail iodail oighridh  
Gheò-am 's a ghiodail-am 's a ghiodail iodail oighridh

## Rocaidean

Le Dòmhnall Ruadh Phàislig (Donald MacIntyre, South Uist) air fonn A Chalum Bhig: "['S e rocaidean, 's e rocaidean, 's e rocaidean an dòlais](#)", Captain Donald Joseph MacKinnon (fiosraiche), Dr. John MacInnes (neach-clàraidh), ref. SA1960.225, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

'S e rocaidean, 's e rocaidean,  
'S e rocaidean an dòlais  
A thainig à Ameireaga  
Gus deireadh a chur oirnne,  
'S ma bhitheas iad an suidheachadh  
An Uibhist bheag an eòrna,  
Chan fhad bhios duine beo ann  
Ma thoisicheas blàr

Uibhist agus Barraigh,  
Cha bhi leanabh no fear liath ann,  
Leòdhasaich is Hearaich  
Dol nan sradagan dhan iarmailt;  
Sgitheanaich is Muilich  
Air am buileachadh dha'n t-siorrachd,  
'S na h-Eileanan an Iar  
Air an lìonadh le plàigh

## Dh'ith na Coin na Maragan

Air a sheinn le [Eilidh NicCarraig](#), Blasad Gàidhlig, Feisean nan Gàidheal

O dh'ith na coin na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh  
O dh'ith na coin na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh           x2

'S i Seònaid rinn na maragan  
Na maragan, na maragan  
'S i Seònaid rinn na maragan  
'S a lùba dubh aig Ruairidh           x2



## Ribinnean Rìomhach

“[Puir-t-à-beul Set: Riobainnean Rìomhach](#)”, Julie Fowles, Gach Sgeul / Every Story (2014) no “[A’ bhean a bh’ aig an tàillear caol/Ribinnean Rìomhach](#)”, Dolina MacLennan (fiosraiche), Hamish Henderson (neach-clàraidh), ref. SA1960.109, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Ribinnean rìomhach nighean an fhìdhleir  
Còta dimitidh, beatagan cailleago  
Ribinnean rìomhach nighean an fhìdhleir  
Còta sìod’ air Màiri x2

Brògan àrda, cleòca sgàirlead  
Còta dimitidh, beatagan cailleago  
Brògan àrda, cleòca sgàirlead  
Ribinnean rìomhach Màiri x2

## Teann a-nall

Le Gilleasbaig MacDhòmhnaill, Ceann a’ Bhàigh. Dreach aig [Chrissie MacVicar](#), Braighe Ardhasaig (1988) no “[Teann a-nall ’s thoir dhomh do làmh](#)”, neach neo-aithnichte (fiosraiche), Dr. Margaret Bennett (neach-clàraidh), ref. SA1988.070, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Teann a-nall ’s thoir dhomh do làmh  
Teann a-nall ’s thoir dhomh do làmh  
Teann a-nall ’s thoir dhomh do làmh  
Is bheir mi sgrìob do dh’Uibhist leat

Tha am feasgar ciùin ’s na siantan blàth  
A’ ghrian san Iar mar mheall den òir  
Tha ’n cuan mar sgàthan, gorm gun sgleò  
’S bu mhòr mo mhiann bhith ’n Uibhist leat

Tha sìth air aghaidh beinn is raon,  
Tha fàileadh cùbhraidh thar an fhraoich,  
’S tha neòinean bhòidheach fàs gach taobh,  
’S bu mhòr mo mhiann bhith ’n Uibhist leat

Tha ’n iarmailt gorm gun lorg air neul  
An sruthan torghan nuas bhon t-sliabh  
A’ chuthag ghlas ’s gùg-gùg na beul  
’S bu mhòr mo mhiann bhith ’n Uibhist leat

Bu mhòr mo mhiann bhith ’n siud san àm,  
Is m’ inntinn fad’ bho thìr nan Gall,  
Ag èisteachd sgeulachd, òran ’s rann,  
’S bu mhòr mo mhiann bhith ’n Uibhist leat

Is dìomhain dhuinne bhith cho faoin  
A’ siubhal saoghail ruith gach maoin,  
Tha beatha is slàinte an tìr mo ghaoil,  
’S gun tèid mi thàmh do dh’Uibhist leat

## Illean Bithibh Sunndach

“[Illean Bithibh Sunndach](#)”, Malcolm Robertson (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA1963.076, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Illean bithibh sunndach a-null air a’ bhòidse  
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tigh’nn beò ann  
Illean bithibh sunndach a-null air a’ bhòidse

Illean cridheil gaolach, togaibh rith’ a h-aodach  
Tha buidheann mo ghaoil-sa Diardaoin ’dol a sheòladh

Gur mise tha gu cianail a’ fàgail a’ Chrianain  
A’ dol dhan dùthaich fhiadhaich a dh’iarraidh ar lòn às

Gur mise tha fo ghruaimean a’ dol a shiubhal chuantan  
Tha ’n soitheach dubh a’ gluasad gu muladach a’ seòladh

Tha sinne ’dol dh’Ameireaga far nach bi cùram eile oirnn  
Cho fad ’s a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nova Scotia

## O Mo Dhùthaich

Le Ailean Mac a’ Phì. Air a sheinn le [Capercaillie, Sidewalk \(2006\)](#) no “[O Mo Dhùthaich](#)”, Mary MacInnes (fiosraiche), ref. MOD 1976 GR00705 Reel2, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

O mo dhùthaich ’s tu th’ air m’ aire  
Uibhist chùbhraidh ùr nan galan  
Far a faighte na daoine’ uaisle  
Far am bu dual do Mhac ’ic Ailein

Tìr a’ mhurain, tìr an eòrna  
Tìr sam pailt a h-uile seòrsa  
Far am bi na gillean òga  
Gabhail òran ’s ’g òl an leanna

Thig iad thugainn, carach, seòlta  
Gus ar mealladh far ar n-eòlais  
Molaidh iad dhuinn Manitòba  
Dùthaich fhuar gun ghual gun mhòine

Chan eil buaidh nach eil ri àireamh  
Air Uibhist os cionn gach àite,  
An t-eilean garbh mun iadh an sàile  
Gheibh an srainnsear aoigh is blàths ann

## O Luaidh

Air a sheinn le [Kathleen MacInnes](#), Òg-mhadainn Shamhraidh (2006) no “[O luaidh ’s truagh nach deachaidh sinn](#)”, Donald Stuart (fiosraiche), John MacLean and Peter Rich Cooke (luchd-clàraidh), ref. SA1970.314, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

O luaidh, ’s truagh nach deachaidh sinn,  
È luaidh, ’s truagh nach deachaidh sinn,  
O gura truagh a’ cheist, o luaidh,  
Nach robh mi san uaigh mun d’ fhuair mi sealladh ort  
O luaidh

Chunnaic mi thall sa mhòine gearradh i,  
Gruagach òg, ’s chòrd a pearsa rium,  
Chaidh mi anull ’s gun fhaic mi i dlùth,  
’S a’ mhais’ air a gnùis a dh’ùraich leannanachd  
O luaidh

An tèid thu leam gu tìr nam monaidhean,  
Tìr nam fiadh, nan earb ’s nan coineanach,  
Tìr nan siad, ’s ann bha thu riamh,  
’S gun ith thu do bhiadh gun sgian ’s gun ghreimiche  
O luaidh

Nam biodh peann ’s pàipear geal agam,  
Sgrìobhainn dhut sìos mo chainnt le barantas,  
Cùmhnant tha teann nach fhosgail bhon chlàir,  
’S ma dh’fhalbhas tu fhèin, chan fheum thu t’ fharadh ann  
O luaidh

## Ruidhle mo nighean donn

“[Ruidhle mo nighean donn](#)”, Kate MacDonald (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA1966.095, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Ruidhle mo nighean donn  
Bha an-raoir an cùl a’ bheàrraidh  
Ruidhle mo nighean donn  
Bha an cùl a’ gheàrraidh  
Ruidhle mo nighean donn  
Bha an-raoir an cùl a’ bheàrraidh  
Ruidhle mo nighean donn  
Bha an cùl a’ gheàrraidh

Nighean dubh ’s i nighean donn  
Bha an-raoir an cùl a’ bheàrraidh  
Nighean dubh ’s i nighean donn  
Bha an cùl a’ gheàrraidh  
Nighean dubh ’s i nighean donn  
Bha an-raoir an cùl a’ bheàrraidh  
Ruidhle mo nighean donn  
Bha an cùl a’ gheàrraidh

## Mìre, mìre, miug, miug

Bhon bheul-aithris, air a sheinn le [Eilidh NicCarraig](#), Blasad Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal

Mìre, mìre, miug, miug  
Mìre, mìre, miug, miug  
Mìre, mìre, miug, miug  
Aran is ìm is càise

Aran is ìm is miugh is mìre  
Aran is ìm is miugh is mìre  
Aran is ìm is miugh is mìre  
Aran is ìm is càise

## Tha am buntàta mòr

“[Tha am buntàta mòr](#)”, Kate MacDonald (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA1966.096, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Tha ’m buntàta mòr  
Tha ’m buntàta tioram  
Tha ’m buntàta mòr  
Dh’fhòghnadh e do dhithist           x2

Ged a bhiodh e mòr  
Ged a bhiodh e tioram  
Ged a bhiodh e mòr  
Chan fhòghnadh e dhithist           x2

## Port na h-Eala

“[Mo Chasan Dubh](#)”, Annie Johnston (fiosraiche), Séamus Ennis (neach-clàraidh), ref. CW0098C, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Gura gè, gura gò  
Gura gè, gura gò  
Gura gè, gura gò  
Gura gò, gura gè

Mo chasan dubh  
Mo chasan dubh  
Mo chasan dubh  
'S mi fhèin glè gheal

Creachadh mo nead  
Creachadh mo nead  
Creachadh mo nead  
'S mi fhèin an Èirinn

## Do Dhà Shùil

Òran bhon bheul-aithris à Hiort air a sheinn le [Ellen MacDonald, Niteworks & BBC Scottish Symphony Orchestra](#)

Do dhà shùil bheag bhiolach  
Gam choimhead tron toll  
'S cha luig mi ort  
Cha luig mi ort x2

Tha càch aig a' bheinn  
'S tha mis' aig a' chloinn  
'S cha luig mi ort  
Cha luig mi ort x2

## O Cò Bheir Mi Leam?

Air a sheinn le [Clann Fèis na h-Òige, Aithris is Oideas](#)

O cò bheir mi leam air a' luing Èireannach?  
O cò bheir mi leam?

'S e mo ghràdh bheir mi leam air a' luing Èireannach

Gur e Calum bheir mi leam air a' luing Èireannach

## Chaidh mise a dh'Eubhal imprig

"Chaidh mise a dh'Eubhal imprig", Duncan MacDonald (fiosraiche), Dr. John Lorne Campbell (neach-clàraidh), ref. CW0156, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Hem bò, ho luì leò,  
Ro challa leò èileadh,  
Hem bò, ho luì leò.

Chaidh mis' a dh'Eubhal imprig,

Hem bò, msaa.

'S thog mi gàrradh, lion mi iodhlann,

Chan ann dhan eòrna ghlan thioram

Ach a dh'òigridh ceist mo chinnidh;

Ùisdein 'ic 'Ill'Easbaig Chlèirich,

Far na laigh thu slàn nar èirich!

Sgeula do bhàis gu mnathan Shlèite,

'S thugamsa mo dhearbh-chuid fhèin dhi

## E ho ro tha mi 'n dùil ri bhith tilleadh

An t-òran mu dheireadh air [“Sing-along Gàidhlig Waltzes”](#), Trail West, Rescattermastered (2016)

E ho ro tha mi 'n dùil ri bhith tilleadh  
E ho ro tha mi 'n dùil ri bhith triall  
Null do dh'Uibhist nan àrd bheanntan corrach  
'S na machraichean ruith chun an Iar

Ach mas dàn dhomh bhith slàn agus maireann  
Nuair thig fàilig le aois na mo cheum  
Thèid mi thàmh far an deach m' àrach nam leanabh  
A dh'Uibhist àlainn nan tràigh leathann rèidh

## O Cò Ghoid am Bonnach?

Bho Òrain na Cloinne Bige, [CnES Foghlam](#)

O cò ghoid am bonnach?  
Ghoid am bonnach, ghoid am bonnach?  
O cò ghoid am bonnach?  
Am bonnach a rinn Màiri

Chuir i am bonnach air a' bhòrd  
Air an truinnsear mar bu choir  
Nuair a chàidh i air a thoir  
Cha robh mir air fhàgail

Nuair a chunnaic i mar bha  
Leig i èigh aiste bha garbh  
'S i ri maoidh air pian is cràdh  
Gum b' e a' chù a dh'fhalbh leis

## Gog, Gog, Gog

[“Bha gog gog gog aig a' choileach ud a-raoir”](#), Neil MacLennan (fiosraiche), Dr. John Lorne Campbell (neach-clàraidh), Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Bha gog, gog, gog aig a' choileach ghlas a-raoir  
Bha gog, gog, gog aig a' choileach fad na h-oidhch'  
Cha robh creutair anns a' bhaile  
Nighean òg neo bean neo cailleach  
A bha còir dhaibh bhith nan cadal  
Nach robh mach nan aodach oidhch'

## Huis Huis

Bho Òrain na Cloinne Bige 2, [CnES Foghlam](#). Dreach eile ri fhaotainn air Tobar an Dualchais: "[Huis Huis air an Each](#)", Christina MacKay (fiosraiche), Donald Archie MacDonald (neach-clàraidh), ref. SA964.055, Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Càite ruigeas sinn a-nochd?

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Ruigidh sinn am Baile Sear

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Càite ruigeas sinn a-nochd?

Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Huis, huis air an each  
Ruigidh sinne Bhàlaig